

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlam na Banrigh a' dèiligeadh ri taobhan foghlam a' mholaidh le Comhairle Shruighlea gus am Poileasaidh Iarrtas Suidheachaidh làithreach atharrachadh.

Gearran 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir le teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) ("Achd 2010"). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle Shruighlea am Poileasaidh larrtas Suidheachaidh làithreach atharrachadh. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill mion-fhiosrachadh goirid den phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a' stèidheachadh beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlam a' mholaidh, a' gabail a-steach beachdan sònraichte air an toirt seachad le luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag òrdachadh gum bi a' chomhairle a' beachdachadh air agus an uair sin ag ullachadh aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a' mholadh, a rinneadh ath-sgrùdad air a' chiad mholadh, a' gabail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh an togail anns a' phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aca fhoillseachadh trì seachdainean mus tig iad chun a' cho-dhùnaidh mu dheireadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga sna sgoiltean; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am páipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- ciamar a tha a' chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a' mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruighinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gniomhan seo os làimh:

- làthaireachd aig a' choinneimh phoblaich bhiortail air a chumail air 10 Samhain 2021 a thaobh molaidean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh ceangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile;
- tursan bhiortail gu Comhairle Shruighlea, a' gabail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh; agus
- conaltradh ri riochdairean bho Àrd-Sgìre-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dhùn Èideann.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle Shruighlea os làimh co-chomhairleachadh air a' mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Bha an co-chomhairleachadh a' ruith bho 18 Dàmhair gu 22 Dùblachd 2021. Chaidh coinneamh phoblach a chumail air 10 Samhain 2021 agus bha aon neach-ùidhe an làthair. Thug am pròiseas co-chomhairleachaidh cothrom do luchd-ùidhe freagairt a thoirt air-loidhne do ghrunnan cheistean a chaidh a shuidheachadh leis a' chomhairle. Fhreagair eadar 73 agus 78 neach-ùidhe na ceistean air fad. Anns a h-uile suidheachadh, bha còrr air a' mhòr-chuid (50%) no a' mhòr-chuid (75%) den luchd-ùidhe ag aontachadh ris an atharrachadh a bha a' chomhairle a' moladh. Bha àireamhan na bu luga airson nan ceistean air fad ag eas-aontachadh, nach robh ag aontachadh no ag eas-aontachadh no nach robh cinnteach.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle Shruighlea a' planadh air ath-leasachadh a dhèanamh air a' phoileasaидh iarrtas suidheachaidh aca agus na slatan-tomhais ùra aca a thoirt a-steach bhon Lùnastal 2022. Tha seo gus ceadachadh don chomhairle gèilleadh do thaobh de Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980; gus am mìneachadh agus na bun-adhbharan co-cheangailte ri iarrtas a dhèanamh airson sgoil shònraichte, a leudachadh do phàrantan; agus gus modhan-obrach rianachd a cheartachadh, a' gabhail a-steach neo-riaghailteachd a thaobh iarrasan a chaidh fhaighinn air 15 Màrt. Cuidichidh am moladh a' chomhairle leis an dleastanas aca a choileanadh a thaobh oighreachd na sgoile a rianachd gu h-èifeachdach agus gus dèanamh cinnteach às an luach as fheàrr. Ach bhiodh e na chuideachadh san aithisg dheireannaich aca nan dèanadh a' chomhairle ullachaidhean soilleir airson Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) cho math ri Foghlam Meadhan Beurla (FMB).

3.2 San fharsaingeachd, tha luchd-ùidhe a' toirt taic do mholaidhean na comhairle. Tha iad a' cur failte air an t-soilleireachd a tha air a thabhnann. Tha na h-atharrachaidhean a tha air am moladh a' gabhail a-steach ath-sgrùdadhbhàin air na bun-adhbharan meidigeach airson iarrtas suidheachaidh a dhèanamh. Aig an àm a tha an làthair, tha iad sin air am measadh bho thaobh bhun-adhbharan meidigeach a-mhàin. Ma thèid am moladh air adhart bidh iad a' gabhail a-steach feumalachdan taic a bharrachd (ASN) sònraichte, mar gur e an sgoil a chaidh a thaghadh an aon sgoil a b' urrainn solar a thoirt dhan leanabh. Thèid co-ionannachd a thoirt do chòraichean chloinne bhon aon theaghlaichean taobh a-muigh sgìre na comhairle 's a bhios aig feadhainn bho thaobh a-staigh na sgìre. Thathar a' moladh gum bi sgoilearan air an cur air liosta feitheimh far a bheil iarrtas airson àiteachan nas àirde na tha ri fhaotainn. Ma thèid am moladh air adhart, bhiodh e feumail dhan chomhairle sgrùdadhbhàin a dhèanamh air cur an sàs nan slatan-tomhais ùra gus dèanamh cinnteach à gniomhadh cothromach agus ceartas.

3.3 Bha an luchd-ùidhe a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt taic do mholaidhean na comhairle. Chuir iad fàilte air neo-riaghailteachdan rianachd a bhith air an toirt air falbh agus soilleireachd is cothromachd air an leasachadh. Bha beagan phàrantan a' sìreadh ath-mhisneachadh a thaobh chudroman a dh'fhaodadh nochdadh san àm ri teachd ri linn tuilleadh thaighean a bhith air an togail.

3.4 Tha grunnan bhun-sgoiltean co-cheangailte ri Àrd-sgoil Naomh M'Áedán ann an Comhairlean Siorrachd Chlach Mhanainn agus na h-Eaglaise Brice. Mus tèid an aithisg aca a chriochnachadh, bhiodh e feumail do dh'Oifigearan ann an Comhairle Shruighlea ceangal a dhèanamh le an co-oifigearan san dà chomhairle eile. Cuidichidh seo le bhith a' dearbhadh cothrom co-ionann do chlann agus dhaoine òga a tha a' frithealadh sgoiltean creidmheach.

4. Geàrr-chunntas

Dh'faodadh sochairean foghlaim a bhith an cois plana Chomhairle Shruighlea air ath-leasachadh a dhèanamh air am poileasaïdh suidheachaidh agus slatan-tomhais ùra a thoirt a-steach. Leigidh seo leis a' chomhairle gèilleadh do Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980. Bu chòir dha taic a thoirt do chlann agus do dhaoine òga le ASN agus dom pàrantan, gu iarrtas a chur a-steach airson sgoil

shònraichte agus modhan-obrach rianachd a cheartachadh. San aithisg dheireannaich aca, bu chòir dhan chomhairle soilleireachadh mar a bheir am poileasaidh iarrtas suidheachaidh buaidh air FMG agus air FMB.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Gearran 2022